

23 Ògmhios 2026

A phàrtaidh/neach-cùraim chòir

Sa Mhàrt 2026, thadhail sgioba de Luchd-sgrùdaidh Foghlaim an Rìgh air Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Bidh an luchd-obrach ag obair gu math le daoine òga gus cultar seòmar-teagaisg a chruthachadh a tha in-ghabhalach le deagh structar. Mar thoradh air an dòigh-obrach seo, tha daoine òga ag ionnsachadh ann an àrainneachdan socair, taiceil agus le fòcas, stèidhichte air dàimhean a tha glè spèiseil.
- Bidh luchd-obrach, com-pàirtichean agus daoine òga ag obair còmhla gu h-èifeachdach gus farsaingeachd de ghnìomhachdan a thabhann a tha ag aithneachadh agus a' togail air coileanaidhean dhaoine òga. Mar thoradh air seo, bidh cha mhòr a h-uile neach òg a' togail raon glè mhath de sgilean agus de chomasan.
- Bidh an luchd-obrach ag obair gu math le farsaingeachd de chom-pàirtichean gus taic a chumail ris a' churraicealam, gus cur ri cothroman do dhaoine òga gus buileachadh agus coileanadh agus gus daoine òga ullachadh airson an sgoil fhàgail. Tha an obair seo a' cumail taic ri cha mhòr a h-uile duine òg gus adhartas soirbheachail a dhèanamh gus am bi ceann-uidhe adhartach aca nuair a dh'fhàgas iad an sgoil.
- Tha daoine òga ann am Foghlam Meadhan Gàidhlig brosnachail, a' gabhail pàirt le misneachd ann an cothroman brìoghmhor gus Gàidhlig a chleachdadh anns an t-seòmar-teagaisg agus taobh a-muigh na sgoile. Tha iad a' cuideachadh gus iomhaigh a chànain àrdachadh air feadh na sgoile.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir do thidsearan cumail orra le bhith a' leasachadh ionnsachadh, teagasg agus measadh de dh'àrd-chàileachd. Bu chòir seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith a' planadh ghnìomhan is ghnìomhachdan a tha tarraingeach agus aig an ìre dhuilgheadas iomchaidh airson a h-uile duine òg. Bu chòir dhaibh cumail orra le bhith a' sgaoileadh a' chleachdaidh fìor èifeachdaich a th' ann mar-thà nas fharsainge air feadh na sgoile.
- Bu chòir do dh'àrd luchd-obrach cumail orra a bhith ag obair leis an luchd-obrach uile gus buileachadh àrdachadh dhan a h-uile duine, le fòcas air daoine òga ann an ÀS6 agus daoine òga a bhios a' fàgail na sgoile aig deireadh ÀS4.



- Bu chòir àrd-stiùirichean leantainn air adhart le leasachadh ro-innleachdail air Foghlam Meadhan Gàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig gus an solar fhàs. Bu chòir dhaibh còir shoilleir a stèidheachadh air litearrachd adhartach agus Gàidhlig ann am ÀS1-3, le teisteanasan agus cleachdadh làitheil na Gàidhlig mar thoradh air seo.
- Tha àrd-stiùirichean agus an t-ùghdarras ionadail air a bhith ag obair còmhla gus aghaidh a chur air raointean leasachadh a thaobh dìon far an robh gnìomh èiginneach a dhìth. Bu chòir dhaibh leantainn orra a' cumail sùil air agus ag ath-sgrùdadh buaidh na h-obrach seo thar ùine.

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn luachadh a dhèanamh air cuid de shlatan-tomhais deagh-ghnè ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagraan\)](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè a tha math agus dè tha feumach air leasachadh. Às dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' tional mion-fhiosrachadh bho na luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean HMIE airson Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa

Slatan-tomhais Deagh Ghnè	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean ann an: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} eagraan) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia-puing .	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faotainn air làrach-lìn HMIE aig: [Àrd-sgoil Inbhir Theòrsa | Aithisg Sgrùdaidh | Luchd-sgrùdaidh Foghlam an Rìgh ann an Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bheir Comhairle na Gàidhealtachd fios do phàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Donald MacDonald
Neach-sgrùdaidh an Rìgh

Às leth Àrd-neach-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim ann an Alba.